

# Comhairle na Gàidhealtachd

Cuspair Clàir- ghnothaich	8
Àir. Aithisge	G/12/24

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 4 Sultain 2024

Tìotal Aithisge: Cunntas às Ùr mun Phoileasaidh Dà-chànanach

Aithisg le: Àrd-Oifigear Gnìomhach Eadar-amail – Coileanadh agus Riaghlachas

## 1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

1.1 'S e adhbhar na h-aithisge seo fios às ùr a thoirt dhan Chomataidh mun adhartas a thaobh a bhith ag ùrachadh poileasaidh dà-chànanach Chomhairle na Gàidhealtachd, air a bheil an tìotal: *Stiùireadh Chomhairle na Gàidhealtachd airson Soidhnichean Dà-chànanach (Gàidhlig agus Beurla) agus Teacsaichean Eile.*

## 2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- i. beachdachadh is toirt fa-near dhan obair a rinneadh a thaobh a bhith ag ùrachadh poileasaidh dà-chànanach na Comhairle agus dha na h-ath cheumannan a thathar a' moladh mus tèid a sgoileadh às ùr.

## 3. Buaidhean

3.1 Goireas

Tha a h-uile nì a thaobh ghoireasan taobh a-staigh a' phrìomh bhuidseat a th' ann an-dràsta, a' gabhail a-steach prìomh bhuidseat na Comhairle agus Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig.

3.2 Laghail

Tha e mar dhleastanas air Comhairle na Gàidhealtachd Plana Gàidhlig a thoirt gu buil, mar a th' air iarraidh fo Earrainn 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

3.3 Cunnart

Tha e cudromach gu bheil stiùireadh poileasaidh dà-chànanach soilleir, ùraichte, is furasta a chleachdadh aig a' Chomhairle airson 's gun urrainnear cumail ris a' phoileasaidh agus airson dèanamh cinnteach gu bheil a' cur an sàs *Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–2029* agus cuideachd *Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023–28*.

3.4 Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine)

Chan eil buaidhean ann.

### 3.5 Gàidhlig

Tha fìor dheagh bhuaidh aig an aithisg seo a thaobh a bhith a' gleidheadh is a' leasachadh cànan is cultar na Gàidhlig, seach gu bheil am poileasaidh dà-chànanach a' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig follaiseach air soidhnichean rathaid, sràide is togalaich thar sgìre na Gàidhealtachd, agus ann an clò is foillseachaidhean, agus co-theacsaichean eile.

## 4. Buaidhean

4.1 Ann an Comhairle na Gàidhealtachd, tha poileasaidhean, ro-innleachdan no atharrachaidhean seirbheis uile fo ùmhlachd sgrìonadh amalaichte airson buaidh air Co-ionannachdan, Bochdainn is Còraichean Daonna, Còraichean is Sunnd Chloinne, Atharrachadh Gnàth-shìde, Eileanan is Coimhearsnachdan Dùthchail air Tìr-mòr, agus Dìon Dàta. Far a bheil feumalachd air aithneachadh, thèid measadh buaidh iomlan a ghabhail os làimh.

4.2 Tha a bhith a' beachdachadh air buaidhean na phàirt bhunaiteach dhen phròiseas cho-dhùnaidhean agus feumaidh seo fios a chur ris a' phròiseas cho-dhùnaidhean. Nuair a thathar a' tighinn gu co-dhùnadh sam bith, feumaidh Buill aire iomchaidh a thoirt do thoraidhean measaidh sam bith.

### 4.3 Measadh Buaidh Amalaichte – Geàrr-chunntas

4.3.1 Tha sgrìonadh Measadh Buaidh Amalaichte gu bhith air a dhèanamh air a' phoileasaidh dà-chànanach ùraichte agus thèid cunntas mu na toraidhean a thoirt do choinneamh Chomataidh na Gàidhlig san àm ri teachd.

## 5. Foir-shealladh dhen Phoileasaidh Dà-chànanach Ùraichte

5.1 Mar phàirt de ghealltanasan a' Phlana Ghàidhlig aice, tha Comhairle na Gàidhealtachd a' gabhail os làimh taic a chumail ris a' Ghàidhlig tro bhith ag àrdachadh a h-ìomhaigh thar na sgìre. Tha seo a' gabhail a-steach gealltanasan a thaobh soidhnichean dà-chànanach agus a bhith a' cleachdadh teacsa dà-chànanach ann an clò-bhualadh is foillseachadh. Chaidh *Stiùireadh mu shoidhnichean dà-chànanach do luchd-obrach Chomhairle na Gàidhealtachd agus stiùireadh a bharrachd airson cleachdadh na Gàidhlig* fhoillseachadh ann an 2010 agus gheibhear an sgrìobhainn air eadra-lìon na Comhairle.

### [Stiùireadh mu shoidhnichean dà-chànanach do luchd-obrach Chomhairle na Gàidhealtachd](#)

5.2 Chaidh an sgrìobhainn seo ùrachadh is ainmeachadh: *Stiùireadh Chomhairle na Gàidhealtachd airson Soidhnichean Dà-chànanach (Gàidhlig agus Beurla) agus Teacsaichean Eile*. Thug aithisg roimhe do Chomataidh na Gàidhlig seachad fiosrachadh mu atharrachaidhean a bhathar a' moladh agus mu phuingean a bhathar an dùil cur ris a' phoileasaidh. Chaidh an aontachadh leis a' Chomataidh agus às dèidh sin, chaidh an toirt an lùib na sgrìobhainn a chaidh a sgioblachadh agus anns a bheil earrannan soilleir a' dèiligeadh ri Soidhnichean Rathaid, Soidhnichean Sràide, Soidhnichean Togalaich, agus Clò-bhualadh is Foillseachaidhean. Às dèidh dhan Mheasadh Buaidh Amalaichte (air a mhìneachadh aig Fo-cheann 4) a bhith air a chrìochnachadh, nì dealbhaiche grafaigeach na Comhairle ath-dhealbhadh air

cruth na sgrìobhainn gus am bi i nas tarraingiche is nas fhasa a cleachdadh. Bidh an Stiùireadh ùr a' cur ri *Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–2029* agus thèid a sgaoileadh cho luath 's a ghabhas às dèidh dhan dreachd dhealbhaichte dhen Phlana Ghàidhlig a bhith air fhoillseachadh.

- 5.3 Tha grunn atharrachaidhean a thaobh mhodhan-obrach san Stiùireadh ùraichte. Chaidh fiosrachadh mu ainmean is sheòlaidhean luchd-obrach is sheirbheisean ùrachadh, le seòlaidhean puist-d gan cur an àite àireamhan fòn. Chaidh iomraidhean a cho-thaobhadh ri *Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–2029* agus *Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023–28*. Chaidh puingean practaigeach a chur a-steach gus am poileasaidh a neartachadh agus a cho-thaobhadh ri cleachdaidhean làithreach. Tha e mar riatanas sònraichte gun tèid teamplaidean nan soidhnichean a thilleadh gu Seirbheis Eadar-theangachaidh na Gàidhlig airson an dearbh-leughadh mus tèid an dèanamh, airson a bhith cinnteach nach eil mearachdan sam bith orra. Bu chòir gun toireadh seo dìon seachad an aghaidh droch fhollaiseachd agus cosgaisean feadhainn ùra a dhèanamh.

## 6. Plana na Gàidhlig – Amasan Seirbheis Corporra

- 6.1 Chaidh *Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–2029* aontachadh le Bòrd na Gàidhlig sa Chèitean 2024 agus tha earrann ann mu amasan seirbheis corporra. Thathar a' cleachdadh nan amasan seirbheis corporra le dùil a bhith a' dèanamh prìomh sheirbheisean Gàidhlig cunbhalach thar na roinne poblaich, agus bu toil le Bòrd na Gàidhlig gum biodh ùghdarrasan poblach uile gan coileanadh rè ùine. Tha gach amas seirbheis corporra fa leth a' gabhail a-steach buil rùnaichte a tha air a thoirt seachad le Bòrd na Gàidhlig san teamplaid aca airson phlanaichean Gàidhlig.
- 6.2 'S e Comhairle na Gàidhealtachd a' chiad ùghdarras ionadail a fhuair aonta airson Plana Gàidhlig bho Bhòrd na Gàidhlig (ann an 2008), agus tha gealltanasan air a bhith aice a thaobh a' chànain, thairis air a seirbheisean air fad, o chionn fhada. Thathar a' coileanadh mòran de na builean rùnaichte mar-thà tro bhith a' cumail ris an sgrìobhainn phoileasaidh *Stiùireadh mu shoidhnichean dà-chànanach do luchd-obrach Chomhairle na Gàidhealtachd agus stiùireadh a bharrachd airson cleachdadh na Gàidhlig*. Bidh na gealltanasan san Stiùireadh ùr a' co-thaobhadh ris na gealltanasan san tionndadh as ùire dhen Phlana Ghàidhlig.

## 7. Teicneòlasan Ùra

- 7.1 Tha teicneòlasan ùra a leithid bathar-bog eadar-theangachaidh agus inntinn-fhuadain (AI) a' leasachadh gu luath air feadh an t-saoghail. Thathar ag aithneachadh gum faodadh na teicneòlasan ùra seo deagh bhuidh a thoirt air a' Ghàidhlig agus gum faodadh iad obair a shàbhaladh agus èifeachdas a mheudachadh. Ach, bu chòir aithneachadh gu bheil cuingealachaidhean nan lùib cuideachd, gu h-àraid a thaobh tuigse cho-theacsail, iom-fhillteachd cànanain, mothachalachd chultarach, cruthachas agus mìneachadh. Tha droch eadar-theangachaidhean inneil a chaidh a dhèanamh air litreachas do dhiofar chànanan, a' Ghàidhlig nam measg, air seo a thaisbeanadh o chionn ghoirid, agus seo na adhbhar iomagain ann an saoghal an fhoillseachaidh. Ged a dh'fhaodas AI a bhith feumail ann a bhith a' toirt seachad brìgh teacsa, chan urrainn dha a dhol an àite eadar-theangair proifeiseanta agus cha bu chòir earbsa a chur ann airson theacsaichean oifigeil.
- 7.2 Thathar an dùil earrann mu theicneòlasan ùra a tha a' tighinn am bàrr a chur an lùib a' phoileasaidh ùraichte. Bidh seo a' cur an cèill gum feumar dèanamh cinnteach à pongalachd eadar-theangachaidhean le bhith a' cleachdadh Seirbheis Eadar-

theangachaidh Gàidhlig na Comhairle fhèin. Cuidichidh seo gus dèanamh cinnteach gu bheil a' cumail ri dleastanasan reachdail mu phongalachd is chunbhalachd eadar-theangachaidhean Gàidhlig.

## **8. Poileasaidh Shoidhnichean Rathaid**

8.1 Tha am Poileasaidh air Cleachdadh Shoidhnichean Trafaig Dà-chànanach cuideachd ga leasachadh aig an àm seo. Bidh am poileasaidh a' cur an cèill gun tèid soidhnichean dà-chànanach a chleachdadh airson soidhnichean ùra rathaid air fad, ach a-mhàin ann an suidheachaidhean ainmichte. 'S iad na suidheachaidhean a-mhàin far an tèid beachdachadh air soidhne nach eil dà-chànanach:

- far a bheil bacadh air sàbhailteachd rathaid; agus
- far a bheil buaidhean practaigeach susbainteach (a leithid cion talmhainn airson bun-stèidh nas motha).

8.2 Thathar a' leasachadh pròiseas foirmeil airson nan suidheachaidhean seo, agus nithear cinnteach gun tèid measadh is co-chomhairleachadh làidir a ghabhail os làimh gus dèanamh cinnteach nach eilear a' fàgail na Gàidhlig às ach anns na suidheachaidhean sònraichte a chaidh ainmeachadh. Às dèidh seo, dearbhaidh Ceannard nan Seirbheisean Rathaid an dealbhadh a thathar a' moladh, agus thèid an co-dhùnadh a chur air adhart gu coinneamh gnothachais an uàird bhuntainnich airson 's gum faighear beachdan nam ball ionadail. Bidh an Stiùireadh ùraichte a' toirt iomradh air a' Phoileasaidh air Cleachdadh Shoidhnichean Trafaig Dà-chànanach.

## **9. Sgaoileadh**

9.1 Bheir an sgrìobhainn ùr cothroman am poileasaidh dà-chànanach – a tha dhà-rìribh na phoileasaidh tar-sheirbheise – a neartachadh air feadh na Comhairle. Tha seo riatanach do mhothachadh an luchd-obrach a thaobh dleastanasan laghail na Comhairle fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, agus bidh i feumail aig inntigidhean luchd-obrach agus trèanadh ath-ùrachaidh.

9.2 Às dèidh dhan Mheasadh Buaidh Amalaichte a bhith air a chrìochnachadh gu soirbheachail, thèid am poileasaidh ùraichte is ath-dhealbhaichte fhoillseachadh air làrach-lìn na Comhairle agus thèid a chur air adhart air feadh seirbheisean na Comhairle.

Ainmeachadh: Àrd-Oifigear Gnìomhach, Coileanadh agus Riaghlachas

Ceann-latha: 16.08.24

Ùghdaran: Jo NicDhòmhnaill, Prìomh Oifigear Eadar-theangachaidh & Eoina Rodgers, Oifigear Poileasaidh Gàidhlig

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh:

Eàrr-ràdhan: